



Fèisean nan Gàidheal
Làimhseachadh Cunnairt agus Poileasaidhean

Ceann-latha: 15 Ògmhios 2010.

Poileasaidh: Poileasaidh is Ceumannan Trèanaidh is Leasachaidh airson Luchd-obrach

Tha am poileasaidh seo na phàirt de cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal

Poileasaidhean Co-cheangailte: Leabhran an Luchd-obrach, Poileasaidh airson Cleachdadh TF gu h-Iomchaidh, Co-ionannachd Chothroman

Adhbhar a' Phoileasaidh: Gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' tabhann trèanadh iomchaidh do luchd-obrach is luchd saor-thoileach gus an urrainn dhaibh an obair aca a dhèanamh ceart, agus seo a' dèanamh cinnteach gun coilean a' bhuidheann a h-amasan ro-innleachdail.

Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh: Prìomh Amasan:

- Gum bi suidheachadh obrach ann far am bi trèanadh is leasachadh proifeiseanta a' sìor dhol air adhart
- Dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach is luchd saor-thoileach taic gus an urrainn dhaibh na dleastanasan aca a choileanadh don bhuidhinn agus luchd-cleachdaidh nan seirbheisean
- Dèanamh cinnteach gun coilean a' bhuidheann na h-amasan ro-innleachdail aice
- Cothrom a thoirt do luchd-obrach air leasachadh proifeiseanta agus/no pearsanta le bhith gan cuideachadh gus na sgilean aca a leudachadh agus a leasachadh

Chaidh am poileasaidh a dhealbh le: Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh

Chaidh e mu choinneimh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha): 01 An Gearran 2010.

Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha): 18 An Gearran 2010.

Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo (ceann-latha): Sa Ghearran 2011.

Catriona Nic an t-Saoir – 18 An Gearran 2010.

Fèisean nan Gàidheal

Poileasaidh/Ceumannan Trèanadh is Leasachaidh airson Luchd-obrach

1 Ro-ràdh

Tha a' bhuidheann a' tuigsinn gu bheil trèanadh is leasachadh airson luchd-obrach fìor chudromach do phlanaichean ro-innleachdail na buidhne, agus do mar a thèid aig gach neach-obrach is neach saor-thoileach an obair aca a dhèanamh le èifeachd, a nì cinnteach gun coilean a' bhuidheann na h-amasan ro-innleachdail aice.

2 Amasan

'S iad amasan a' phoileasaidh seo:

- Gum bi suidheachadh obrach ann far am bi trèanadh is leasachadh proifeiseanta a' sìor dhol air adhart
- Dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach is luchd saor-thoileach taic gus an urrainn dhaibh na dleastanasan aca a choileanadh don bhuidhinn agus luchd-cleachdaidh nan seirbheisean
- Dèanamh cinnteach gun coilean a' bhuidheann na h-amasan ro-innleachdail aice
- Cothrom a thoirt do luchd-obrach air leasachadh proifeiseanta agus/no pearsanta le bhith gan cuideachadh gus na sgilean aca a leudachadh agus a leasachadh

3 Co-ionannachd Chothroman

Tha a' bhuidheann a' gealltainn gum bi co-ionannachd chothroman aig daoine air cothroman ionnsachaidh, mar sin cha bhi duine air an casg bho bhith ag ionnsachadh air sgàth gnè (a' gabhail a-steach atharraichean gnè), aois, suidheachadh pòsaidh, ciorram, adhbharan cinneadail (cinneadh, dath, nàiseantachd – a' gabhail a-steach saoranachd – freumhan cinneachail no dùthchail), taobhadh feise, creideamh, uallach airson daoine a tha an eisimeil orra, ballrachd ann an aonadh ciùird no suidheachadh obrach. Bidh an aon chothrom aig luchd-obrach pàirt-thìde agus a th' aig luchd-obrach làn-thìde air cothroman ionnsachaidh is leasachaidh.

4 Dleastanasan

Luchd-obrach

Tha leasachadh proifeiseanta/pearsanta ag obair nas fheàrr nuair a tha e an urra ris an neach-obrach fhèin na cothroman fèin-leasachaidh aca a chomharrachadh, agus bheir na sgilean agus an t-eòlas ùr piseach air an obair aca.

Tha sinn an dùil gum bi an luchd-obrach fhèin gu gnìomhach a' cur air adhart trèanadh is leasachadh proifeiseanta air feadh na buidhne.

Feumaidh luchd-obrach, tro na pròiseasan taice, stiùiridh is measaidh, Plana Ionnsachaidh a dhealbhadh dhaibh fhèin, a bhios air aontachadh leis a' mhanaidsear aca.

Cuideachd, tha e an urra ri luchd-obrach loga ionnsachaidh a chumail, a chuidicheas le bhith a' toirt taic do agus a' comharrachadh chothroman leasachaidh proifeiseanta leantainneach. Bu chòir don neach-obrach an loga seo a chur a-steach gus am bi e na phàirt de chlàr bliadhna an neach-obrach.

Manaidsearan ann an Sreath

Tha e an urra ri manaidsearan ann an sreath luchd-obrach a chuideachadh gus Planaichean Ionnsachaidh a dhealbhadh dhaibh fhèin, agus tha an urra riutha dèanamh cinnteach gun toir iad sùil às ùr orra sin gu cunbhalach còmhla ri luchd-obrach nuair a tha seiseanan taice is stiùiridh ann. Bu chòir dhaibh bruidhinn mu na logaichean ionnsachaidh aig na seiseanan seo cuideachd.

Tha e an urra ri manaidsearan ann an sreath sùil a chumail agus tomhas dè cho èifeachdach agus a bha na dh'ionnsaich luchd-obrach an lùib trèanadh is leasachadh proifeiseanta. Bu chòir do mhanaidsearan beachdan iarraidh air dè cho math agus a bha prògraman trèanadh a-staigh is a-muigh, rudan mar càileachd a' phrògram agus an robh luach an airgid ann. Bu chòir do mhanaidsearan dèanamh cinnteach gun cleachd luchd-obrach na sgilean a dh'ionnsaich iad san trèanadh.

Oifigear Trèanadh & Poileasaidh

Tha e an urra ris an Oifigear Trèanadh & Poileasaidh ionnsachadh is leasachadh proifeiseanta a cho-òrdanachadh. Mar sin, nì an t-Oifigear Trèanadh & Poileasaidh cinnteach gun dèanar measadh air nithean co-cheangailte ri ionnsachadh, an lùib sin bi sgrùdadh bliadhna air feuman ionnsachaidh na buidhne a thèid a dhèanamh le bhith a' bruidhinn ri manaidsearan ann an sreath gus dèanamh cinnteach gun comharrachadh agus gun dèiligear ris na feuman.

A' Bhuidheann Riaghlaidh

Tha e an urra ris a' Bhuidheann Riaghlaidh buidseat airson ionnsachadh is leasachadh proifeiseanta aontachadh gach bliadhna. Aontaichidh a' Bhuidheann Riaghlaidh buidseat agus innsidh iad don Oifigear Trèanadh & Poileasaidh dè th'

ann. Tha am buidseat fo smachd an Oifigeir Trèanaidh & Poileasaidh. Cumaidh am Manaidsear Gnìomha agus a' Bhuidheann Riaghlaidh sùil air mar a thèid am buidseat a roinn.

5 Slighean Ionnsachaidh & Leasachaidh

Am measg nan cothroman ionnsachaidh & leasachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann tha:

- Ag ionnsachadh aig obair, an lùib sin dh'fhaodadh sibh ionnsachadh bho luchd-obrach eile le bhith gan leantainn nan obair, a' faighinn oideachadh bhupa, a' roinn sgilean càch a chèile, no làithean far a bheil an luchd-obrach air falbh bhon oifis, msaa.
- Greisean-obrach/-gnìomhachais aig no a' tadhal air buidhnean eile.
- Cothroman leasachaidh dreuchdail mar bruidhinn gu poblach, taisbeanaidhean taobh a-staigh na buidhne aig coinneamhan sgioba.
- A' dol gu buidhnean no tachartasan ionnsachaidh taobh a-staigh na buidhne.
- A' dol gu làithean-trèanaidh/bùthan-obrach taobh a-staigh no a-muigh na buidhne.
- A' dol gu co-labhairtean, fòraman.
- Cùrsa oideachaidh taobh a-muigh na buidhne.
- Ionnsachadh air an eadar-lìon agus a' cleachdadh an t-siostaim eadra-lìon.

6 Prìomh Dhòighean Ionnsachaidh Proifeiseanta is Sgilean

Tha a' bhuidheann a' cur prìomhachas air ionnsachadh a chuireas cuideam air raointean:

- A chuidicheas sinn le bhith a' coileanadh ar n-amasan ro-innleachdail.
- A bhuineas ri dleastanasan reachdail na buidhne.
- A tha riatanach do mar a nithear agus mar a ghlèidhear ionmhas.
- A leigeas leinn atharraichean san lagh a làimhseachadh agus dèiligeadh riutha.
- A nì cinnteach gu bheil sgilean bunaiteach TF aig daoine agus gun tèid an leasachadh ma dh'fheumar.
- A tha riatanach do chàileachd ar seirbheisean.
- A leigeas le luchd-obrach na dleastanasan aca a choileanadh a thaobh leasachadh proifeiseanta leantainneach a bhios na buidhnean dreuchdail iomchaidh ag iarraidh.
- A leigeas le daoine le dleastanasan manaidseir/stiùiridh na sgilean manaidseir aca a leasachadh.

7 Bun-ionnsachadh

Tha cuid a raointean ionnsachaidh a tha riatanach airson a h-uile neach-obrach a tha a' tighinn fo sgèith prògram leantainneach airson feumalachdan a chaidh a chomharrachadh mar phàirt de phrògram ionnsachaidh is leasachaidh leantainneach. Bidh bun-ionnsachadh a' tighinn fo na cinn a leanas:

Inntrigeadh

Bidh aig gach neach-obrach ùr ri dhol air prògram inntrigidh, a tha air a mheas mar phàirt riatanach de dh'ionnsachadh is leasachadh airson luchd-obrach, agus tha e riatanach do mar a thèid an neach-obrach ùr fhisge a-steach don àite-obrach. Tha e cudromach gum faigh luchd-obrach ùra taic is stiùireadh mun bhuidhinn, a h-obair is a modhan-obrach, agus na dleastanasan pearsanta aca fhèin. Mar as àbhaist, 's e am manaidsear aca a nì seo.

TCF (Teicneòlas Conaltraidh is Fiosrachaidh)

Tha e cudromach gum faigh gach neach-obrach cothrom na sgilean TCF aca a leasachadh. Tha e na amas don bhuidhinn dèanamh cinnteach gum bi sgilean TCF bunaiteach aig gach neach-obrach a thaobh mar a thathar ga chleachdadh sna dreuchdan aca. Bithear a' brosnachadh luchd-obrach gus eòlas a chur air an eadar-lìon, post-d, siostaman roinn airson faidhlichean agus goireasan dealanta eile, agus air prògraman coimpiutaireachd a tha rim faotainn gus am bi iad misneachail agus sgileil gan cleachdadh.

Riaghladh Coileanadh

'S e conaltradh leantainneach a th' ann an Riaghladh Coileanadh, anns a bheil am manaidsear agus an neach-obrach an sàs:

- A' comharrachadh agus a' mìneachadh prìomh dhleastanasan obrach agus gan ceangal ri cinn-uidhe ro-innleachdail agus gnìomhach na buidhne.
- A' dealbh shlatan-tomhais coileanadh iomchaidh is freagarrach.
- A' toirt seachad agus ag èisteachd ri beachdan mu choileanadh.
- A' dol an sàs ann an measaidhean obrach cuideachail.
- A' cur air dòigh cothroman ionnsachaidh is leasachaidh gus am bi an neach-obrach a' cumail orra a' coileanadh nan dleastanasan aca, agus gus an tig piseach air mar a tha iad gan coileanadh.

Measaidhean Obrach

Tha measaidhean obrach deatamach don fhrèam againn airson riaghladh coileanadh agus a' cur riutha tha seiseanan taice is stiùiridh cunbhalach eadar manaidsearan agus an luchd-obrach aca gan cumail fad na bliadhna. Tron sgeama, bidh gach neach-obrach air a mheasadh leis a' mhanaidsear aca tro chòmhradh foirmeil mu mar a choilean iad na

dleastanasan obrach aca thar na bliadhna a dh'fhalbh, agus an lùib sin feumar bruidhinn mu feuman ionnsachaidh is leasachaidh an neach-obrach airson na bliadhna ri thighinn.

'S e cothrom a th' ann togail air neartan agus dèiligeadh ri raointean far a bheil taic a dhìth, agus seo a' ciallachadh gun tig piseach air sgilean an neach-obrach.

8 A' Comharrachadh agus a' Measadh Feuman Ionnsachaidh

Tha grunn dhòighean ann feuman ionnsachaidh is leasachaidh a chomharrachadh, seo agaibh feadhainn dhuibh:

- Dreuchdail – Ri linn teicneòlais ùir, dòighean-obrach ùra, siostaman no cleachdaidhean ùra (a-staigh no a-muigh).
- Àrdachadh Dreuchd – Barrachd dhleastanasan taobh a-staigh na buidhne.
- Leasachadh – Sgilean obrach a bharrachd a dh'fhaodadh an neach-obrach a chleachdadh an-dràsta no a dh'fhaodadh an neach-obrach uidheamachadh airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta.
- A' Bhuidheann – Dòighean-obrach is cleachdaidhean obrach ùra a bheir buaidh air dleastanasan no roinn, agus/no nì a bheir taic do ro-innleachdan farsaing na buidhne.

Tha e an urra ri manaidsèaran ann an sreath feuman ionnsachaidh a chomharrachadh agus dèiligeadh riutha tro sheiseanan taice is stiùiridh cunbhalach còmhla ri luchd-obrach fa leth, nuair a tha am measadh obrach bliadhnail aca ann.

9 Measadh Fheuman Trèanaidh

Thèid Measadh Fheuman Trèanaidh a chumail gach bliadhna, a rèir amasan Plana Leasachaidh na buidhne. Thèid am measadh ullachadh leis an Oifigear Trèanaidh, agus thèid a chur air beulaibh na Buidhne Riaghlaidh airson aontachadh. Tha an sgrìobhainn a' cuideachadh àrd-mhanaidsèaran nuair a tha iad ag ullachadh bhuidseatan agus iarrtasan maoinachaidh, agus tha i a' cuideachadh le bhith a' cur prìomhachas air iarrtasan airson maoinachadh trèanaidh bho air feadh na buidhne.

10 Planaichean Ionnsachaidh Pearsanta

Nuair a thathar air feuman ionnsachaidh pearsanta a chomharrachadh tro na seiseanan taice is stiùiridh no tron mheasadh, bu chòir do luchd-obrach bruidhinn ris a' mhanaidsèar aca gus an dealbh iad plana ionnsachaidh.

Bu chòir don phlana mìneachadh dè an t-ionnsachadh a tha dhìth, ciamar a thèid a lìbhrigeadh, dè an t-amas aig a' bhuidhinn ris a bheil e ceangailte, a bheil cosgais na lùib agus dè cho fad 's a bheir e.

11 Clàr Trèanaidh Luchd-obrach/Logaichean Ionnsachaidh

Feumaidh luchd-obrach clàr a chumail air trèanadh, ionnsachadh no leasachadh sam bith anns an tèid iad an sàs.

Bidh na logaichean ionnsachaidh a' measadh oideachadh gach neach-obrach. Tha e a' leigeil le luchd-obrach na nithean a dh'ionnsaich iad a chlàradh agus a mheasadh agus faodaidh iad bruidhinn ris a' mhanaidsèar aca ma dheidhinn, agus faodaidh iad comharrachadh mar a b' urrainn dhaibh na dh'ionnsaich iad a chur gu feum airson math dhaoine eile, agus /no na buidhne air fad. Air an làimh eile, mura robh an t-ionnsachadh freagarrach, agus mura robh e a' freagairt air feuman ionnsachaidh an neach, faodar bruidhinn mun sin. Tha e a' leigeil leis an neach-obrach na rinn iad a 'logadh' agus a chur mu choinneimh nan amasan ionnsachaidh aca, a chaidh a chlàradh ann an sgrùdaidhean air feuman ionnsachaidh agus tro bhith ag aontachadh phlanaichean ionnsachaidh sna measaidhean obrach. Bu chòir do luchd-obrach nithean a chlàradh sna foirmichean ionnsachaidh aca cho tric 's as urrainn dhaibh gus am faodar bruidhinn man deidhinn aig na seiseanan taice.

Cuidichidh an log na manaidsèaran agus an luchd-obrach, me, cuidichidh e le còmhraidhean measaidh bliadhnail, seiseanan taice is stiùiridh, planaichean roinne, buidseatan ionnsachaidh, planadh leantainneach agus leasachadh dreuchdail.

12 A' Clàradh, a' Cumail Sùil air & a' Measadh Ionnsachadh

Tha e an urra ris a' Mhanaidsèar Ghnìomha dèanamh cinnteach gu bheil clàr coitcheann ann de na dh'ionnsaich an luchd-obrach, agus gu bheil a' cumail sùil air agus a' measadh ionnsachadh agus leasachadh proifeiseanta a thaobh cho freagarrach is èifeachdach agus a tha iad, agus feuch a bheil luach an airgid annta.

Bidh e an urra ris a' Mhanaidsèar Ghnìomha aithris a dhèanamh ris a' Bhuidhinn Riaghlaidh air èifeachd prògraman leasachaidh an luchd-obrach.

13 Fòrladh Ionnsachaidh

Le fòrladh ionnsachaidh, faodaidh luchd-obrach a bhith ag obair a dh'ionnsaigh teisteanas no creideas, a bhios air am measadh luachmhor no iomchaidh don obair aca. Nì seo cinnteach gun tarraing, gun cùm agus gun àraich a' bhuidheann luchd-obrach fìor chomasach. Le fòrladh ionnsachaidh, faodaidh luchd-obrach ùine a ghabhail dheth le

pàigheadh gus deisealachadh airson deuchainn, gus deuchainn a dhèanamh, gus portfolio obrach a chruthachadh airson creideas, no gus falbh air chùrsa airson an latha.

Faodar fòrladh le pàigheadh a cheadachadh airson neach-obrach:

- Airson suas ri 2.5 latha airson fòrladh ionnsachaidh taobh a-staigh 12 mìos. Coimheadaidh an Stiùiriche ri iarrtasan airson fòrladh ionnsachaidh a mhaireas nas fhaide na 2.5 latha, gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom na Fèinne aig a h-uile duine sa bhuidhinn.

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-staigh airson fòrladh ionnsachaidh gu manaidsèaran ann an sreath cho luath 's as urrainn.

14 Foghlam Àrd-ìre

Coimheadaidh a' bhuidhinn ri iarrtasan airson taic-airgid mu choinneimh chùrsaichean foghlaim àrd-ìre agus teisteanasan proifeiseanta barantaichte nuair a thathar den bheachd gu bheil an cùrsa iomchaidh agus gum bi e gu buannachd an neach-obrach agus na buidhne san ùine-fhada.

Bh chòir do luchd-obrach iarrtasan a chur chun a' mhanaidseir aca airson soidhnigeadh. Cuiridh am manaidsèar air adhart chun na Stiùiriche e an uair sin airson aontachadh. Airson cosgaisean a tha barrachd na £1000, feumar cùmhnant foirmeil a shoidhnigeadh leis an neach-obrach agus am Manaidsèar aca (faicibh 15 gu h-ìosal).

15 A' Pàigheadh Cìsean air ais

Nuair a tha a' bhuidheann air aontachadh airgead a phàigheadh mu choinneimh cìsean cùrsa, feumaidh an neach-obrach an t-airgead sin a phàigheadh air ais ma dh'fhàgas iad a' bhuidheann nuair a tha iad air a' chùrsa sin, no mura cuir iad crìoch air a' chùrsa.

Feumar sùim às a' chiad de na cìsean cùrsa a phàigheadh air ais don bhuidhinn, ma dh'fhàgas an neach-obrach a' bhuidhinn taobh a-staigh ùine shònraichte bhon a chuir iad crìoch air a' chùrsa:

Sùim às a' chiad ri phàigheadh	Neach-obrach a' fàgail taobh a-staigh
100%	6 mìosan
50%	1 bhliadhna
25%	1.5 bhliadhna
15%	2 bhliadhna

Thèid suimeannan sam bith a dh'fheumas an neach-obrach pàigheadh air ais a thogail bhon tuarastal aca.

Aon uair 's gu bheil aonta ann a thaobh dè tha iad a' dol a phàigheadh air ais, feumaidh luchd-obrach 'Foirm Aontachaidh airson Pàigheadh Cosgaisean Oideachaidh air ais' a lìonadh.

16 Poileasaidhean Co-cheangailte

- (a) Leabhran an Luchd-obrach
- (b) A' Cleachdadh TF gu h-Iomchaidh
- (c) Co-ionannachd Chothroman